aig am a' bruidhinn air an eilean a ghearradh 'na dhà leith agus fo cheann a deas Bàgh Lùthaig chladhaich iad dìg mhòr suas a chuile cat gus an d' ràinig iad bonn a' chnoic a bh' ann a seo, agus bhiodh e glé choltach gu robh a 'mhuir aca air a leigeal suas cho fada ris bonn an aghaidh

ris an àite far a robhas a' buanachd na cloiche, ris an cana sinn Sròn Lamaraig, ach 's e am beachd a bh' aca cumail rompa leis an dìg a bha seo gus a ruigeadh iad taobh eile an eilein, agus tighinn a mach ann an Cill Donnain

. . .

Chuala mi cuideachd o bhith a' bruidhinn 'n uair a bha na lochlannaich a's an àite seo gu robh innleachd air choir eiginich aca air fìon a dhèanadh air barr

seo leotha fhéin, thug e a mhac
bà a' sin air cuairst a mach
a dhruim a' mhonaidh, agus bha iad
a' coiseachd sios na leattraichean agus
thàinig iad gu àite ris an can
sinn am Bidean Bòidheach, creag uamhasach
àrd agus tha am bonn aice a's a'
chladach, agus bha e air a
ghràdhthainn gun a thilig e a
mhac leis a' chreig ann a sin, agus
nach robh duine a' sin ann aig
a robh fhios ma dhèidhinn deànaidh
an fhiona ach e fhéin, agus
cha robh air an t-saoghal bhuan
na bheireadh bhuaidh an sgéal ma
dhèidhinn cia mar a bha e 'ga
dhèanadh, agus bhàsaich e fhéin
agus bhàsaich an dòigh air deànadh
an fhion comhla ris.

. . .

a' fhraoich agas an innleachd a bha seo, bha iad 'ga cumail aca fhéin uamhasach math. Cha robh iad air son gu faigheadh daoine eile a mach cia mar a bha iad 'ga dhèanadh. Air a' cheann fo dheireadh an fheadhainn a bha a' cleachdadh a bhith a' dèanadh an fhion air a' fhraoch, bha iad air crìonadh a mach ach dithis dhiubh, 's e sin seann-duine agas a mhac; agas bha e 'cuir cùram mór air an t-seann-duine nan caochladh esan air thoiseach gu reiceadh a mhac an innleachd ri sluagh eile an eilein. Ach air son seo a thoirt a teagamh, 's ann a' monadh Làthaig shuas a bha iad a' cleachdadh a bhith a' dèanadh an fhiona, agas gus a thoirt a teagamh mar a thubhairt mi cheana, gum bàsaicheadh an innleachd